

Cha chreid an saoghal, ach mar rinn Sodom,
 Ged bhagradh Dia iad le aingil ghlormhor,
 Ach gus an doirt e na tuiltean mora,
 Gu'n losg' gu siorruidh le pian gu'n trocair.

Nach tric tha 'n trompaid, le caismeachd arda,
 'S le bagradh trom, teachd o bheinn shinai,
 A cuir an ceil doibh gu leir mar tha iad
 Fuidh dhiteadh siorriudh o Dhia 'so lathaireachd.

Nach tric chaidh innseadh do'n linn, 's do'n al so,
 Gu'm bheil an saoghal gu leir na'n trailllean,
 'S gach sean, 's gach og dhiubh an cro aig satan,
 Ga'n sgrios le'm miannan co dian 'sa 's ail leis.

Nach tric a chualadh iad fuaim na slainte,
 'Snach fac' iad moran fuidh leon deth 'n cairdean,
 Tha nise 'g ol dheth gach solas arda,
 'Sle'n ceol a glorach' an Uain rinn tearna.

Ach 'sann tha drein orr' gu leir ri'n cairdean
 Tha 'g innseadh sgeil doibh, air beatha, 's slainte,
 'S cha chreid na reubailich threun mhi-thaingeil,
 Gu'n d'thuair sinn coir air Iehobbah, 's oighreachd.

A shaoghail chailte tha dall gu'n leirsin
 Fuidh stiuradh fealltach na'm Faidhean breige,
 Tha Criosd sa ghrasan an tras' gu'n fheum dhuibh,
 'S cha tuig sibh chaint tha toirt slaint da threadsan.

Cha tuig sibh 'n t-oran is ceol da chairdean,
 Gu'n fhiosrach solasach air a shlainte,
 'S cha bhlais na trailllean deth ghrasan daimhail,
 'S cha comhdaich sgleo sibh le deis na bainse.

Tha bhur 'n anama marbh ann am peac 'san euceirt,
 'S cha'n ith na mairbh sin deth bhiadh na'n neamhan,
 'Sgu'n tart cha'n iar iad a tobar slainte,
 Deth'n uisge bheo tha'nn an cro a mheanbhchruibh.

a,
 .
 ramh :
 r,
 rnadh.